

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Bàrd Mhealaboist (3)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,243. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 939 corresponds to Litir 1,243. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Bha Bàrd Mhealaboist, Murchadh MacPhàrlain, am measg nam bàrd as ainmeile ann an saoghal nan Gàidheal anns an fhicheadamh linn. Ma tha sibh comasach air Gàidhlig a leughadh, tha an leabhar 'Doras gun Chlàimhean', deasaichte le Catriona Mhoireach, fìor mhath.

Bidh sinn a' fàgail soraidh aig Murchadh an-diugh. Ach, roimhe sin, bheir sinn sùil air dà òran ainmeil aige. An toiseach – an t-òran a bh' againn an t-seachdain sa chaidh – *Mhòrag, Leat Shiùbhlainn*. 'S e òran gaoil a th' ann. Chan eil fhios a'm an robh 'Mòrag' stèidhichte air boireannach sam bith, ach bha i fìor mhath air seinn, a rèir choltais. Seo agaibh an treas rann:

*An uair a ghleusas i suas a h-òran,
An uiseag, thèid i na tàmh 's an smeòrach,
'S iad ri 'g èisteachd ceòl nèamhaidh, ro-bhinn,
Ceòl binn gun èislean **bho beul a' dòrtadh**.*

Anns an rann sin, tha am bàrd a' dèanamh coimeas eadar an t-seinn aig Mòrag agus dà eun a tha ainmeil airson an seinn – an uiseag agus an smeòrach. Anns an dàrna rann mu dheireadh, tha Murchadh a' cur nar cuimhne gun robh e beò nuair a bhiodh feadhainn às na h-eileanan a' sealg nam mucan-mara a-mach à South Georgia:

*Dh'fhalbhainn deònach gu ruige Georgia,
'S shàthainn sleagh anns na mucan mòra,
'S dh'fhuilinginn fuachd agus teas is dòrainn,
Chan agrainn duais ach, a luaidh, do phògan.*

Tha an loidhne mu dheireadh snog, nach eil? Chan agrainn duais ach, a luaidh, do phògan. *I would appeal for no reward, my love, but your kisses.*

Mu dheireadh, tha mi airson sùil bheag a thoirt air an òran as ainmeile, chanainn, aig Murchadh MacPhàrlain. 'S e sin *Cànan nan Gàidheal*. Bha Murchadh **a' dìon cliù na Gàidhlig** gu mòr na bhàrdachd agus na bheatha. Tha an t-òran a' tòiseachadh mar seo:

*Cha b' e sneachda 's an reothadh o thuath,
Cha b' e 'n crannadh geur, fuar on ear,
Cha b' e 'n t-uisge 's an gailleann on iar,
Ach an galar a bhlian on deas
Blàth, duilleach is stoc agus freumh,*

Cànan mo thrèibh is mo shluaigh.

Bha am bàrd a' dèanamh soilleir nach e droch aimsir na Gàidhealtachd a bu choireach ri crìonadh na Gàidhlig, ach 'an galar on deas'. Bha e a' ciallachadh le sin cànan is cultar nan Gall.

Tha an treas rann dhen òran a' riochdachadh brìgh an òrain air fad. Seo e:

*Ged theich i le 'beath' às na glinn,
Ged 's gann i 'n-diugh chluinnear nas mò
O Dhùthaich MhicAoidh fada tuath
Gu ruig thu Druim Uachdair nam bò,
Ach thugainn, thig còmh' rium gu siar
'S i fhathast ann ciad chainnt an t-sluaigh.*

Bha Murchadh a' tuigsinn mar a bha an cànan air a dhol sàmhach ann an glinn na Gàidhealtachd, ach gun robh i fhathast aig sluagh nan Eilean Siar mar chiad chànan. Seo an t-sèist. Math dh'fhaodte gum bi sibh eòlach air:

*Thig thugainn, thig còmh' rium gu siar
Gus an cluinn sinn ann cànan nam Fèinn',
Thig thugainn, thig còmh' rium gu siar
Gus an cluinn sinn ann cànan nan Gàidheal.*

'S dòcha nach eil na faclan sin buileach cho firinneach an-diugh 's a bha iad ri linn Mhurchaidh. Ach 's e òran cumhachdach a th' ann. Tha e a' cur nar cuimhne gum bu chòir dhuinn còraichean ar cànan a sheasamh.

* * * * *

Faclan na Litreach: Bàrd Mhealaboist: *the Melbost Bard*; Murchadh MacPhàrlain: *Murdo MacFarlane*; roimhe sin: *before that*; leat shiùbhlainn: *I would go with you*; nan Gall: *of the non-Gaels*.

Abairtean na Litreach: deasaichte le Catrìona Mhoireach: *edited by Catriona Murray*; a' fàgail soraidh aig: *farewelling*; an uair a ghleusas i suas a h-òran: *when she begins to sing*; an uiseag, thèid i na tàmh 's an smeòrach: *the lark goes quiet, and the thrush*; ceòl nèamhaidh, ro-bhinn: *heavenly, extremely melodious music*; a' sealg nam mucan-mara: *hunting the whales*; dh'fhalbhainn deònach gu ruige: *I would willingly go to*; shàthainn sleagh anns na mucan mòra: *I'd cast a harpoon in the great whales*; dh'fhuilinginn fuachd agus teas is dòrainn: *I'd suffer cold and heat and torment*; cha b' e sneachda 's an reothadh o thuath: *it wasn't the snow and frost from the north*; cha b' e 'n crannadh geur, fuar on ear: *it wasn't the cold, biting wind from the east*; an galar a bhliàn on deas blàth, duilleach is stoc agus freumh cànan mo thrèibh is mo shluaigh: *the disease from the south that blighted the blossoms, foliage, trunk and roots of the language of my race and people*; a bu choireach ri crìonadh na Gàidhlig: *that was responsible for the decline of Gaelic*; a' riochdachadh brìgh an òrain: *representing the essence of the song*; ged theich i le 'beath' às na glinn: *though she fled for her life from the glens*; ged 's gann i 'n-diugh chluinnear nas mò o Dhùthaich MhicAoidh fada tuath gu ruig thu Druim Uachdair nam bò: *although it is hardly heard today from the Mackay Country in the north till you reach Drumochter of the cows*; thig thugainn, thig còmh' rium gu siar: *come, join us, some with me to the west*; gum bu chòir dhuinn còraichean ar cànan a sheasamh: *that we should stand up for the rights of our language*.

Puing-chànain na Litreach: Ceòl binn gun èislean **bho beul a’ dòrtadh:** *melodious, flawless music pouring from her mouth.* You will know that the preposition bho ‘from’ usually lenites the following noun. Here, however, we have beul not bheul. The reason is that between the two words there is the feminine possessive pronoun ‘a’ meaning ‘her’. This prevents the lenition of the noun, according to the rule governing possessive pronouns. The reason for omitting the possessive pronoun and not writing ‘bho a beul’ is to maintain the rhythm of the song. It is understood by the listener.

Gnàthas-cainnt na Litreach: Bha Murchadh a’ dìon cliù na Gàidhlig: *Murdo was defending Gaelic’s reputation.*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA